

BÒRD NA GÀIDHLIG

ACHD ATH-LEASACHADH NAN SEIRBHEISEAN POBLACH (ALBA) 2010 AITHRIS AIRSON 2020/21

Fo Achd Ath-leasachaidh nan Seirbheisean Poblach (Alba) 2010, tha againn, còmhla ri buidhnean poblach eile ann an Alba, ri aithrisean poblach fhoillseachadh a thaobh na chosg sinn anns na raointean a leanas:

1. Dàimhean poblach
2. Siubhal thall thairis
3. Aoigheachd agus fèistean
4. Seirbheisean comhairleachaidh bhon taobh a-muigh

A bharrachd air seo, fon Achd, feumaidh buidhnean poblach fiosrachadh fhoillseachadh mu na leanas:

5. Pàigheadh le luach nas àirde na £25,000
6. Luchd-obrach/buill a gheibh pàigheadh nas àirde na £150,000.

A bharrachd air seo, fon Achd, feumaidh buidhnean poblach aithris fhoillseachadh air na ceuman a ghabh iad anns a' bhliadhna ionmhais sin gus:

7. Cur ri agus a bhith a' brosnachadh fàs seasmhach tro chur an gnìomh nan dleastanasan
8. Cur ri èifeachdas, tàbhachd agus caomhantachd ann an cur an gnìomh nan dleastanasan aca.

Mu ar deidhinn

'S e buidheann phoblach neo-roinneil ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a tha cunntachail tro Mhinistearan do Phàrlamaid na h-Alba.

Air a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (An Achd) 's e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach gus leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig.

Fon Achd, tha na dleastanasan farsaing a leanas air a' Bhòrd —

(a) a' brosnachadh agus a' cur an comas —

- (i) cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus
- (ii) foghlam agus cultar na Gàidhlig,

(b) a' toirt comhairle (an dara cuid nuair a thèid seo iarraidh no nuair a chì e iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a tha a' toirt seachad dleastanasan poblach air cùisean a' buntainn ri Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(c) a' toirt comhairle (nuair a thèid seo iarraidh) do dhaoine eile mu chùisean a' buntainn ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(d) a' cumail sùil air, agus ag aithris do Mhinistearan na h-Alba air buileachadh Cairt Eòrpach nam Mion-chànan leis a' cheann-latha 5 Samhain 1992 a thaobh na Gàidhlig.

Gheibhear làn fhiosrachadh air gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig anns an aithisg bhliadhnail agus cunntasan againn:

<https://www.gaidhlig.scot/ga/ar-n-obair/corporra/fiosrachadh-corporra/>

1. Dàimhean poblach

Mineachadh

Tha an aithris air na chaidh a chosg air dàimh phoblach a' gabhail a-steach an caiteachas iomlan airson conaltraidhean a-muigh air fad ann an 2020/21, cuide ris na cosgaisean airson luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne agus luchd-obrach le cùmhnant agus comhairlichean. Tha seo a' gabhail a-steach margaidheachd, iomairtean PR, dàimh ris na meadhanan, rannsachadh a' mhargaidh agus luachadh, iomhaigheachd agus dealbhadh, tachartasan margaidheachd, tachartasan air an taobh a-muigh, co-labhairtean is taisbeanaidhean, conaltradh eadar buidhnean, taic maoineachaidh, stuthan foillsichte agus clò-bhualadh, conaltraidhean didseatach, agus sanasachd agus planadh airson nam meadhanan.

Sa bhliadhna mu dheireadh a thàinig gu crìch air 31 Màrt 31 2021 bha caiteachas luach £153,375 air Bòrd na Gàidhlig airson dàimh phoblach.

2. Siubhal thall thairis

Mineachadh

Tha an aithris air na chaidh a chosg air siubhal gu thall thairis a' gabhail a-steach siubhal gu ruige agus air falbh bhon An Rìoghachd Aonaichte; tha e cuideachd a' gabhail a-steach cosgais air taighean-òsta, cisean co-labhairt, na thèid a chosg air siubhal agus biadh fhad 's a tha an neach thall thairis agus cosgaise sam bith eile a tha co-cheangailte ris an turas.

Sa bhliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021, bha caiteachas luach £0 air Bòrd na Gàidhlig airson siubhal thall thairis.

3. Aoigheachd agus fèistean

Mineachadh

Tha an aithris air cosg air aoigheachd agus fèistean a' gabhail a-steach gin sam bith de na leanas: tiodhlacan, cuireadh gu biadh, pàrtaidhean, cuirmean fàilte, tiogaidean airson no cuiridhean gu tachartasan poblach, spòrsa, no cultarach no tachartasan eile no buannachdan coltach ri sin air an toirt le buidheann phoblach do a cuid buill no a luchd-obrach no do daoine taobh a-muigh na buidhne, chan eil e gu diofar dè an t-adhbhar.

Sa bhliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021 bha caiteachas luach £0 aig Bòrd na Gàidhlig air aoigheachd agus fèistean.

4. Seirbheisean comhairleachaidh bhon taobh a-muigh

Mineachadh

Tha an aithris air na chaidh a chosg air co-chomhairleachaidh bhon taobh a-muigh a' gabhail a-steach roinn fharsaing de sheirbheisean proifeiseanta a leithid co-chomhairle air stiùireadh, air IT, air cùisean ionmhasail, co-chomhairle air cùisean a' buntainn ri togail no bun-structar, trèanadh rannsachadh agus luachadh agus a' dealbh phoileasaidhean (a' gabhail a-steach sgrùdaidhean comasachd). Chan eil seirbheisean co-chomhairleachaidh bhon taobh a-muigh a' gabhail a-steach sheirbheisean speisealach leithid comhairle laghail agus seirbheisean riochdachaidh no trusadh luchd-obrach.

5. Pàighidhean le luach nas àirde na £25,000

Ceann-latha	Pàigheadh gu	Cuspair	Suim £
20.04.2020	An Comunn Gàidhealach	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	50,425
20.04.2020	Ainmean-Àite na h-Alba	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	40,800
21.04.2020	Faclair na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	38,250
23.04.2020	Comunn na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	115,925
27.04.2020	Comhairle nan Leabhraichean	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	90,835
27.04.2020	Ionad Chalum Chille Ìle	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	26,240
13.05.2020	Theatre gu leòr	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	27,935
19.05.2020	Acair	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	28,770
04.06.2020	Comhairle nan Eilean Siar	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	75,440
05.06.2020	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	78,686
10.06.2020	Fèisean nan Gàidheal	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	72,800
26.06.2020	Ceòlas	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	28,850
07.07.2020	Comunn na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	115,925
10.07.2020	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	27,200
02.08.2020	MG Alba	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	28,320
14.08.2020	Ionad Chalum Chille Ìle	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	26,240
27.08.2020	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	78,685
23.09.2020	An Comunn Gàidhealach	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	25,213
06.10.2020	Comhairle nan Eilean Siar	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	76,000
07.10.2020	Comhairle na Gàidhealtachd	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	27,000
19.10.2020	Comunn na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	115,925
02.11.2020	Ionad Chalum Chille Ìle	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	26,240
02.11.2020	Comhairle nan Leabhraichean	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	90,385
02.11.2020	Ainmean-Àite na h-Alba	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	40,800
02.11.2020	Faclair na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	38,250
02.11.2020	Taigh-cluiche Eden Court	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	27,000
27.11.2020	Fèisean nan Gàidheal	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	72,800
27/11/2020	Theatre gu Leòr	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	27,935

27.11.2020	Acair	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	28,770
21.12.2020	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	78,865
11.01.2021	An Comunn Gàidhealach	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	25,216
12.01.2021	Comhairle nan Eilean Siar	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	28,800
14.01.2021	MG Alba	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	80,000
27.01.2021	Foghlam Alba	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	30,000
15.02.2021	Comunn na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	115,925
15.02.2021	Ionad Chalum Chille Ìle	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	26,240
01.03.2021	Taylor Clarke	Comhairleachadh	37,632
03.03.2021	Giglets	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	43,200
11.03.2021	Oilthigh Ghlaschu	Cùmhnant Rannsachaidh	35,000
11.03.2021	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	27,360
12.03.2021	Fèisean nan Gàidheal	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	32,000
16.03.2021	Reach Publishing	Sponsaireachd air na Duaisean Gàidhlig	30,000
17.03.2021	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	78,685
18.03.2021	Comhairle nan Eilean Siar	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	76,080
22.03.2021	Comunn na Gàidhlig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	137,768
24.03.2021	Fearann Coimhearsnachd Alba	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	100,000
24.03.2021	Sabhal Mòr Ostaig	Cuibhreann de Ghrant Leasachaidh	28,714
24.03.2021	Ionad Nàiseanta airson Rannsachadh Sòisealta	Comhairleachadh	29,000

6. Luchd-obrach/buill a gheibh pàigheadh nas àirde na £150,000

Sa bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021, cha d' fhuair neach-obrach no ball sam bith aig Bòrd na Gàidhlig tuarastal nas àirde na £150,000.

7. A' brosnachadh fàs seasmhach

Ged nach eil Riaghaltas na h-Alba air targaidean co-cheangailte ris an àrainneachd a stèidheachadh do Bhòrd na Gàidhlig fhathast, tha sinn a' cur sùim mhòr ann an cùisean àrainneachd agus bidh sinn a' cur mhodhan-obrach an sàs a tha math don àrainneachd nuair as urrainn dhuinn. Nì sinn gach oidhirp gus obrachadh ann an dòigh sheasmhach a thaobh na h-àrainneachd agus broснаichidh sinn daoine, nar n-obair, gu bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh a tha math don àrainneachd.

Tha ceuman a thèid a ghabhail gus lorg àrainneachd a' Bhùird a lughdachadh a' gabhail a-steach gluasad gu coinneamhan gun phàipear tro bhith a' cleachdadh tablaidean, a' cleachdadh fòn no co-labhairt bhidio far an gabh sin dèanamh, agus a' lughdachadh siubhal luchd-obrach agus buill a' Bhùird.

Bidh am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta a' tomhas agus a' clàradh mar a tha Alba a' coileanadh a rèir adhbhar agus amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba. Tha 11 builean nàiseanta anns an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta a tha a' cur an cèill na tha an Riaghaltas airson coileanadh.

Tha co-thaobhadh ris na h-Amasan Nàiseanta a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil fòcas aig buidhnean riaghaltais agus tha iad a' toirt seachad structar soilleir airson libhrigeadh. Ged a tha an obair againn a' cur gu ìre ris na builean sin uile, bidh Bòrd na Gàidhlig a' sgrùdadh ar coileanadh a thaobh seachd dhiubh.

8. Èifeachdas, tàbhachd agus caomhantachd

Tha Bòrd na Gàidhlig daonnan a' feuchainn ri chothroman a chomharrachadh gus cur ri èifeachdas, cosgaisean ìsleachadh agus càileachd seirbheis adhartachadh. Feumaidh e dèanamh cinnteach gu bheil cosgaisean taobh a-staigh maoineachadh a tha ri fhaighinn, gu sònraichte an Tabhartas gus Cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba.

Bithear daonnan a' sireadh leasachaidhean ann an èifeachdas agus tàbhachd anns gach raon de dh'obair a' Bhùird. Tha prìomh oifis a' Bhùird aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis. Tha an oifis seo againn air stèidh cho-roinnte le Nature Scot. Tha cuid de thogalaichean eile air a tha gan cleachdadh le luchd-obrach a' Bhùird air an cleachdadh san an dòigh cuideachd. Tha an rèiteachadh seo gus cosgaisean a shàbhaladh air a bhith ann bho 2012. Tha an spàs a tha sinn a' cleachdadh air a chumail aig an ìre as ìsle 's a ghabhas agus tha 'deasgaichean-teth' air an cleachdadh gus taic a chumail ris an amas seo.